

Na thaigh-tùir deagh-ghlèidhte  
le mac-samhla taigh-feachd  
nan saighdearan dearga,  
tha **Caisteal Corr Garaidh** glè  
iomchaidh a thaobh freagairt  
an riaghaltais ri bagairt nan  
Seumasach a rannsachadh.

# A' RANNSACHADH CAISTEAL CORR GARaidH

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



## Loidhne-tìmh

**1546** Gheibh Iain Foirbeis à Tobhraidh fearainn Corr Garaidh

**m.1550** Togar Caisteal Corr Garaidh

**1571** Marbhar na Foirbeisich leis na Gòrdanaich

**1645** Gabhaidh Marcas Monadh Rois an caisteal thairis

**1689** Cuiridh Seumasaich an caisteal na theine

**1715** Gheibh Iarla Mhàrr taic nan Seumasach aig Corr Garaidh

**1746** Cleachdaidh Seumasaich an caisteal mar ionad armachd; cuiridh saighdearan dearga ruathar air.

**1748** Thèid an caisteal atharrachadh gu taigh-feachd an riaghaltais.

**1753** Crìochnaichear rathad an airm

**1802** Corr Garaidh a-rithist mar àite prìobhaideach

**1827** Tillidh saighdearan dearga gus cur às do dh'uisge-beatha neo-laghail san sgìre

**1831** Trèigear Corr Garaidh leis an arm

**1850-1912** Corr Garaidh air mhàl gu prìobhaideach

**1961** Cuirear an caisteal fo chùram na stàite 's thèid ath-nuadhachadh

**Seasaidh Caisteal Corr Garaidh air leth air monadh lom aig ceann Srath Dheathain. Tha eachdraidh agus a thaisbeanaidhean ath-chruthaichte ga fhàgail na shàr-ionad drùidhteach a thaobh Ar-a-mach 1745 a rannsachadh.**

## Cùl-Sgeul Eachdraidheil

Chaidh Caisteal Corr Garaidh a thogail o thùs mar dhachaigh dhaingichte teaghlach ainmeil nam Foirbeiseach am meadhan an 16mh linn.

Dh'atharraicheadh e gu mòr on uair sin ach tha gu leòr air fhàgail den structair thùsail a dh'innseas dhuinn rudeigin mu mar a bha e na latha fhèin. Cuairtiche le togalaichean eile air an taobh a-muigh, 's e bh' ann an toiseach àite-còmhnaidh tighearna air trì làr, le seilearan, cidsin, talla agus seòmraichean prìobhaideach.

An 1571 bha casgradh brùideil aig a' chaisteal. Bhàsaich Mairead Fhoirbeis is 24 duine eile ann an teine aig Corr Garaidh an dèidh dhi diùltadh do Ghòrdanaich Ach an Dùin thighinn a-steach fhad 's a bha a fear-cèile air falbh. Bha seo mar phàirt de dh' fhalachd fhada eadar an dà theaghlach.

An 1689 chaidh teine a chur ris a' chaisteal aon uair eile, an turas seo le luchd-taic nan Seumasach chor is nach rachadh a chleachdadh mar ghearastan leis an dithis rìoghail ùr, Uilleam is Màiri. Bha iomallachd a' chaisteil ga dhèanamh fìor mhath a thaobh cuilbheirt, agus an 1715 thàinig 6mh Iarla Mhàrr ann gus daoine fhaighinn don arm Sheumasach 's gus armachd a thoirt dhaibh mun do chuir e Ar-a-mach 1715 air bhog aig Bràigh Mhàrr.

Bhiodh pàirt aig Corr Garaidh ann an Ar-a-mach 1745-6 cuideachd. Anns a' Ghearran 1746 bha cuid de dh'fheachdan Theàrlaich air an caisteal a ghabhail thairis gus a chleachdadh mar ionad-armachd fùdair is chuilbhearean a bha air ùr-thighinn o Mhòr-thìr na Roinn Eòrpa. Chuala arm 'dearg' an riaghaltais, ann an Obar Dheathain, mu dheidhinn seo agus choisich mu 400 saighdearan tron t-sneachd dhomhainn airson thighinn gun fhios air a chaisteal. Ach bha fios aig na Seumasaich mar tha agus nuair a thàinig arm an riaghaltais cha robh romhpa ach cat na chadail ri taobh an teine. Bha na Seumasaich air feuchainn ris an fhùdair a sgrios san abhainn is am buill-airm a chur am falach - ach fhuair na saighdearan dearga iad. Thill iad a dh'Obar Dheathain le còrr is 100 cuilbhear agus mhill iad na ceudan eile nach b' urrainn dhaibh giùlain.

An dèidh briseadh nan Seumasach aig Cùil Lodair, bha na h-ùghdarrasan armach gu mòr airson fuireach air Ghàidhealtachd gus tuilleadh aimhreit a chur fo chois. Chaidh obair mhòr a dhèanamh air Corr Garaidh gus taigh-feachd is gearastan a dhèanamh dheth. 'S ann aig an àm seo a thogadh am balla-a-muigh air chumadh àraid reula. Chum na saighdearan a bha stèidhichte an seo sùil air an sgìre mun cuairt a' chaisteil, a' glacadh dhaoine a bha bàidheil ris na Seumasaich. Thogadh rathad airm ùr a bha dlùth ris a' chaisteal, a' ceangail Blàr Ghobharaidh ri Gearastan Deòrsa air Linne Mhoireibh.



Mu mheadhan na 1750an bha an aimhreit seachad agus mu dheireadh na 18mh linn bha Corr Garaidh neo-chudromach mar ionad airm. Chuireadh air mhàl e gu prìobhaideach car tamaill, ged a bha an arm ann a-rithist sna 1820an gus stad a chur air uisge-beatha neo-laghail san sgìre. An dèidh 1831 chaidh an caisteal

mu làr agus b' e dithis pheathraichean Ros an fheadhainn deireannach a dh' fhan air mhàl ann gu 1912. Mu dheireadh chuireadh e fo chùram na stàite an 1961. An-diugh tha an caisteal ath-nuadhaichte agus faodaidh luchd-tadhail coimhead air seòmraichean an taigh-feachd mar a bha iad sna 1750an.



*Corr Garaidh on Tuath*



## Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu Caisteal Corr Garaidh gu h-àraid iomchaidh don luchd-teagaisg a tha ag obair air **Ar-a-mach nan Seumasach** len clas. Tha am pasgan seo a' dìreadh air a' phàirt seo de dh'eachdraidh Corr Garaidh.

Faodaidh an caisteal a bhith feumail cuideachd ann a bhith a' rannsachadh **Beatha nam Meadhan-Aoisean**, ach ri linn na chaidh ath-nuadhachadh air, 's e is dòcha gun cur e sgoilearan troimh-chèile; 's dòcha gum biodh turas gu caisteal eile, can Gleann Buichead no Cinn Droma, na b' fheumaile.

Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

**luchd-ionnsachaidh soirbheachail** le bhith a' cur dùbhlàn ro sgoilearan smaoineachadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' meòrachadh gu critigeach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh.

**neachan misneachail.** Ionnsachaidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-bheatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharraichean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus am beachd a thoirt seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

**daoine glìce ciallach.** Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urraim do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus de dh'obair-togail an latha fhèin.

**daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach** le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoineachadh rannsachail, cruthachail agus critigeach.

Tha a' chuid is motha de na gnìomhan freagarrach do sgoilearan C4-7.

## Ron turas

- Coimhead air dealbhan de Chorr Garaidh ro-làimh - faic [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk) no [www.historicscotlandimages.gov.uk](http://www.historicscotlandimages.gov.uk) no [www.undiscoveredscotland.co.uk](http://www.undiscoveredscotland.co.uk) Cuidich sgoilearan an ceistean fhèin a chur ri chèile chor is gum bi làn fhios aca dè bhios romhpa air làraich. Bhiodh e math nam biodh iad an-sàs ann a bhith a' cur turas air dòigh.
- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tìmh le bhith a' dèanamh loidhne-tìmh leotha, a' cumtadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Dèan cinnteach gun tuig sgoilearan cnag na cùise a thaobh Ar-a-mach 1745 mun tig iad; cò na Seumasaich, dè bha iad ag iarraidh; sgeul an ionnsaigh air Sasainn is an teicheadh; mar a fhreagair Arm Bhreatainn; mar a bha na Gàidheil beò aig an àm seo; buil Bhlàr Chùil Lodair 's na dhèidh.
- Cuidich sgoilearan ceistean-rannsachaidh a chur ri chèile air beatha airm san 18mh linn. Cuidich iad ceistean a chumadh air am faigh iad freagairt air turas gu làraich (m.e. dè seòrsa duine a rachadh san Arm Bhreatannach, ciamar a bha iad beò, dè an obair a bh' aca, dè an aodach aca is mar sin). Feuch cur an aghaidh a' bheachd chumanta gur e urracha mòra Sasannach a bha ann an Arm Bhreatainn buileach; bha tòrr de na shaighdearan dearga, ri linn an Ar-a-mach agus na dhèidh, às Alba.
- Cuidich sgoilearan Caisteal Corr Garaidh a lorg air mapa latha an-diugh. Cuidich iad Gearastan Deòrsa, Inbhir Nis, Cille Chuimein, Bràigh Mhàrr, Taigh-feachd Ruadhainn faisg air Cinn a' Ghiùthsaidh is Blàr Ghobharaidh a lorg 's a chomharradh. Seall air na rathaidean a cheangaileas na h-àiteachan sin ri chèile - ionadan cudromach airm san 18mh

linn. Cuir seo an coimeas ri map an latha an-diugh a sheallas na rathaidean seo a rinneadh an dèidh Ar-a-mach 1715 is 1745. Cuidich sgoilearan faicinn gu bheil ar rathaidean an-diugh car stèidhichte orra sin - ged nach eil e ro choltach gun tèid dràibhearan an-diugh tarsainn na tìre o Chorr Garaidh gu Uisge Dè. Gheibhear mapaichean air an stòr-dàta SCRAN - [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk). Tha am map ainmeil 'Roy' o 1747-55 gu soilleir a' sealltainn Taigh-feachd Corr Garaidh, 's chithear e air [www.nls.uk/maps/roy/](http://www.nls.uk/maps/roy/)

• Dòigh gus làrach aosta a thoirt beò do sgoilearan, is e sin gun dèan iad rannsachadh is ullachadh gus dràma beag a chur air chois (no bhideo?) air an làraich. Bhiodh e math tachartas inntinneach a chleachdadh, leithid ionnsaigh gun fhiosta nan saighdearan dearga air Corr Garaidh an 1746. Tha cur-sìos mionaideach air seo san sàr-leabhar *The '45* le Christopher Duffy. San sgoil, dh'fhaodadh sgoilearan ròl ainmeachadh, sgeul is sgrìobh a sgrìobhadh, culaidh-aodach ullachadh. Nuairsin ghabhadh seo a chur an làthair gu às ùr air an làraich.





## Obair air an làraich

Fhad 's a thathar a' rannsachadh a' chaisteil, cho math ris na molaidhean deasbaid againn, bu chòir na sgoilearan a bhrosnachadh gus sùil chritigeach a thoirt air na chì iad agus gus teòraidhean a dhèanamh 's fheuchainn a tha stèidhichte air an fhianais chruaidh. Seo puingeann-tòiseachaidh san fharsaingeachd:

- Tha Corr Garaidh inntinneach ri linn 's gu bheil e air a chleachdadh ann an dòigh gu tur eadar-dhealaichte o mar a bha o thùs - taigh tighearna gu taigh- feachd bunaiteach. Cuidich sgoilearan ann a bhith a' lorg nan rudan a th' air atharrachadh 's nach eil 's na chaidh cur ris on uairsin. Tog deasbad mu mar a bheir gaoth is sìde buaidh air coltas togalaich, cho math ris na h-atharrachaidhean a nì daoine a dh'aona-ghnothach air togalaichean.
- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail? Carson a thaghadh seo? A bheil stuth ann an sin a tha air a ghrodadh neo air a bhith air a ghoid on uairsin?
- An dùil gum b' e seo cumadh nan seòmraichean o thùs? Am faic thu far an deach an atharrachadh? Carson a dhèanadh seo?
- Dè an fhianais a th' ann air beatha làitheil?

Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le nòtaichean, breacadh-dhealbhan, dealbhan-camara, no le bhith a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk) gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise*.

## Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla gus clàr nas coileanta a dhèanamh air a' chaisteal. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon ghnìomhan-taisbeanaidh, leithid:

- Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile
- Taisbeanadh shleamhnagan le aithris
- Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh sa chaisteal.
- Sreath de dhràma-an a' sealltainn sealladh goirid de bheatha sa chaisteal tro na linntean.



Taigh-feachd ath-chruthaichte aig Corra Garaidh



## Air lorg nan saighdearan dearga aig Corr Garaidh

Tha an turas a mholar a' dìreadh air beatha làitheil an Corr Garaidh sna 1750an agus e na thaigh-feachd do dh'arm nan 'saighdearan dearga'. Tha sia àite sònraichte rin tadhail:

1. Taobh a-muigh a' chaisteil
2. Àros oifigeir
3. Taigh-feachd nan saighdearan
4. Taisbeanaidhean de shaighdearan dearga
5. Na seilearan
6. Anns an lios


An dèidh a' chiad tadhail, cha leigear a leas na h-àiteachan seo fhaicinn ann an òrdugh. 'S e is fheàrr gum bi buidhnean de 8-10 a' dol ann chor is gum faigh a h-uile duine làn chothrom.

**Cùl-fhiosrachadh** ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte gu simplidh chor is gum gabh a leughadh a-mach do na sgoilearan mas math leat. Cuideachd ann tha molaidhean a thaobh **ceistean-deasbaid**.

Ri linn an caisteal a bhith cho glèidhte, tha e fìor fheumail gu **cluich-ròl**, gu h-àraid am measg feadhainn nas òige. Tha molaidhean a thaobh seo ri fhaighinn san earrainn **Bì nàd shaighdear dearg!** sgrìobhte ann an **clò dearg**.

'S e aon dòigh air a leithid seo a stiùireadh ach na ròlan a thoirt seachad, beagan tìde a chaitheamh a' cleachdadh, is an uairsin air dhut comharra a dhèanamh tòisichear air fad mionaid no dhà, gus an dèan thu comharra sguir.

## Plana Caisteal Corr Garaidh a' sealltainn àiteachan-tadhail





### Robh fhios agad...

An 1571 bha an teaghlach Foirbeis sa chaisteal air an cuairteachadh le cuid de Chlann Ghòrdain. Dhiùlt Mairead Fhoirbeis iad a leigeil a-steach 's mar sin chuir na Gòrdanaich teine ris a' chaisteal. Bhàsaich còrr is 24 duine san teine, nam measg Mairead agus a teaghlach. Fada an dèidh seo rinneadh òran mun tachartas bhrònach seo, *Edom o Gordon*.



A' tighinn dlùth ri Corr Garaidh

## Nòtaichean turais: air lorg saighdearan dearga Corr Garaidh

### Suidheachadh 1: Taobh a-muigh a' chaisteil

*Stad an dèidh dol tron gheata air a' chadha a thig on ionad-parcaidh, dìreach mun ruig thu am balla geal taobh a-muigh a' chaisteil.*

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Tha sinn air impis dol a-steach gu Caisteal Corr Garaidh. Ach mun dèan sinn sin, faiceamaid dè ghabhas obrachadh a-mach mun chaisteal le bhith a' coimhead air on taobh a-muigh.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
An toiseach, smaoinicheadh mu àirde a' chaisteil. An dèan thu a-mach cia mheud làr a tha aig a' chaisteal?	Seall air na h-uinneagan - faodamaid obrachadh a-mach gu bheil is dòcha trì làr agus làr fon mhullach ann.
Tha sin gu math àrd do sheann togalach. An dùil carson an deach a thogail cho àrd?	Gheibheadh na daoine a-staigh deagh shealladh de dhuine sam bith a' tighinn bho astar mòr. Mòr-chùis cuideachd - air a thogail le daoine cudromach a bha ri fearas-mhòr.
Dè bheir thu fa-near mu na h-uinneagan?	Tha iad fìor bheag 's chan eil mòran dhiubh ann.
An dùil carson a tha iad cho beag bìodach 's nach eil mòran dhiubh ann?	Bidh uinneagan a' lagachadh balla - mar sin chaidh balla a' chaisteil a thogail mar rud glè làidir agus doirbh ionnsaigh a thoirt air. Cuideachd airson blàths - leigidh uinneagan fuachd is searbhagan a-steach.
Am faic thu rud sam bith a dh'innseas dhuinn ciamar a chum iad blàth sa chaisteal?	Dà shimilear mhòr is dhà dhiubh nas lugha. Teintean fosgailte a chumas seòmraichean blàth.
Faic am balla air chumadh neònach mun cuairt a' chaisteil. An dùil carson a tha na tuill sa bhalla?	Tuill do chuilbhearann.
Am fairich thu gur e seo àite càirdeil 's tu a' tighinn dlùth ris?	Tha e coltach nach fairich - bagairteach; ag ràdh 'cum a-mach'!
Mar sin dè dh'obraich sinn a-mach mun a' chaisteal mar tha?	'S dòcha gun deach a thogail le cuideigin cudromach a bha ri fearas-mhòr, agus is dòcha aig an robh nàimhdean. Chaidh an caisteal a dhèanamh gus daoine a chumail a-mach. Bhiodh e gu math dorch a-staigh - ach is dòcha gun robh e blàth.




- San da-riribh tha dà sgeul ann mu Chaisteal Corr Garaidh. Thogadh e mu 450 bliadhna air ais, mu 1550 le teaghlach ionadail, na Foirbeisich. B' e an dachaigh agus bha e spaideil na latha. Thog iadsan am prìomh thùr a chì sinne a-nis.
- Mu 250 bliadhna air ais, sna 1740an is na 50an, bha e na phrìomh ionad do dh' Arm Bhreatainn, ainmichte mar shaighdearan dearga ri linn dath dearg an casagan. Rinn iad gearastan den chaisteal, seòrsa de mheanbh-dhaingeann do bhuidheann shaighdearan. Bha aca ri faire a chumail air an sgìre gus Seumasaich a ghlacadh 's dèanamh cinnteach nach biodh càch airson a bhith nan Seumasaich gu bràth tuilleadh.
- An-diugh gheibh sinne a-mach cò ris a bha e coltach a bhith mar shaighdear dearg san àite seo.

### Bi nad shaighdear dearg!

Leigeamaid oirnn gur sinne buidheann de shaighdearan dearga a' màrsail suas don chaisteal airson a' chiad uair. Cha robh sinn riamh ann. Dè ar ciad smaointean mun chaisteal? Nì sinn màrsail nas dlùithe ris is an uairsin faighnichidh mise de chuid dhìobh dè ur smaointean. Deiseil? Gu luath, dèanaibh màrsail!

***Gabh a-steach don chaisteal, tron lios, suas an staidhre is bruidhinn ris an stiùbhard san oifis/bùth sa chiad doras air chli. Nuairsin gabh a-steach don t-seòmair bheag ri taobh a' bhùtha.***



***An caisteal mar a bhiodh e mu 1750.***





## Robh fhios agad...

Ann an 1746 chleachd na Seumasaich an caisteal mar am prìomh ionad aca. Thug saighdearan dearga Bhreatainn ionnsaigh air ach mun àm a ràinig iad bha na Seumasaich air teicheadh. Bha teine fòs a' dol san t-seòmair seo le cat na chadail ri thaobh!



Taigh beag oifigeir



Seann chidsin le bogha teallaich aosta ri fhaicinn

## Suidheachadh 2: Àros oifigeir

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- B' e seo cidsin a' chaisteil. Fad treis chleachdadh e mar chidsin an airm cuideachd. An dèidh seo bha e na oifig airson nan saighdearan a bha mar cheann air Caisteal Corr Garaidh.
- An 1750 b' e An Neach-Brataich Raibeart Rutherford ceannaire an àite. Bha esan os cionn nan saighdearan gu lèir. Bha mu 50 saighdearan stèidhichte an Corr Garaidh aig aon àm. Mhàrsail iad on phrìomh ionad aca ann an Gearastan Deòrsa. Dh'fhanadh cuid dhiubh sa chaisteal 's rachadh càch a-mach gus faire a chumail air an sgìre mun cuairt. B' e an t-seòmair-sa oifig, seòmair-leapa, seòmair-suidhe is seòmair-bìdh Rutherford.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An lorg thu rud sam bith a dh'innseas dhuinn mun t-seann chidsin?

Dè feum a chuireadh air na rudan seo?

Dè fuaim no fàileadh a bhiodh ann?

An lorg thu rud air an teallach a dh'innseas dhuinn cò an rìgh a bha a' riaghladh cuid den àm a bha an arm an seo?

Seall sna basgaidean rin teine. Dè connadh a chì thu annta cho math ri fiodh?

An dùil carson a chleachdadh seo an àite fiodha?

Ann an oisean an t-seòmair tha preas beag fa leth - le uinneag. An dùil dè feum a chuireadh air seo?

An dùil an robh doras ann?

### Freagairtean a tha a dhìth

Rian air teallach aosta tòrr nas motha a chithear os cionn an teallaich a th' ann an-dràsta.

Cuideachd na th' air fhàgail de chlais-uisge fon uinneig.

Chleachdadh an teine airson còcaireachd agus teasachadh uisge.

Chaidh uisge salach a thilgeil a-mach air a' chlais.

Fuaim bragail an teine is guth a' chòcaire a' toirt òrdugh; fàileadh an teine is rudan a' bruich is a' goil.

Coimhead a-mach airson crùin, litrichean GR agus àireamhan III - Georgius Rex, Laideann air Rìgh Deòrsa III.

Mòine sna basgaidean - air a cladhach on talamh.

Glè bheag de chraobhan san sgìre.

An taigh beag.

Tha - coltas gun robh.

**Fàg an t-seòmair seo 's gabh suas staidhre don ath làr.**



### Robh fhios agad...

Buinidh a' chùlag dhiomhair san t-seòmar seo is dòcha don àm a bha an tùr aig an teaghlach Foirbeis. 'S dòcha gur ann an seo a chum stiùbhard a' chaisteil rudan luachmhor.



Bòrd-bìdh ann an seòmar an taigh-feachd

### Suidheachadh 3: Taigh-feachd nan saighdearan

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Sna 1600an, cha robh an t-seòmar-sa ann! B' e seo leth shuas an talla mhòir ann an caisteal nam Foirbeiseach. Nuair a dh'atharraich an arm e an 1748, bha barrachd sheòmarichean a dhith orra 's mar sin chuir iad an làr seo ris.
- Seo far an robh na saighdearan cumanta a' fuireach 's a' cadal. Bha mu 50 fear stèidhichte aig Corr Garaidh aig an aon àm. Dh'fhanadh leth dhiubh an seo 's an dàrna leth ann an taighean muinntir an àite. Tha an àirneis ùr nuadh, ach tha e coltach ris na bh' ann an seo an 1750.
- Thugadh meud àraidh bìdh do na saighdearan gach latha - mu leth-bhuileann arain, punnd feòla (sin meud sia isbeanan - ach bu tric a bha cnapan de chnàmhan no shail na measg) agus dà phinnt lionn. Nam biodh barrachd a dhith orra, bha aca ris a cheannach iad fhèin, ach cha robh mòran airgid aca. Bha aca rim biadh a bhruich iad fhèin os cionn an teine an seo.
- Tha coltas gun robh beatha saighdeir gu math marbh. Chaitheadh iad an latha a' dèanamh 'driol' - a' cleachdadh air an cuilbhear an is a' màrsail. Uaireannan rachadh iad a-mach an tòir air Seumasaich 's gus tilleadh a chur annta. Aig an àm seo cuideachd b' e eucoir a bha ann breacan a chur umad no Gàidhlig a bhruidhinn! Chuireadh iad seachad an tìde a' coimhead an dèidh an cuid uidheamachd 's a' còcaireachd 's a' glanadh. Cha robh an teaghlach ceadaichte.

#### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

#### Freagairtean a tha a dhìth

Cia mheud leabaidh a tha ann?

Sia leapannan mòra.

An dùil carson a tha iad cho mòr?

Bhiodh a leabaidh fhèin aig a' cheannaire. Mar sin cia mheud duine a chaidleadh san t-seòmar seo?

Roinn na fir leapannan. 11 fhear.

Feuch an suidh thu air an leabaidh. Am bu toil leat cadail an seo?

Seans nach bu toil - glè chruaidh agus coltas tana air na plangaidean!

Dè bheir thu fa-near mu na h-uinneagan air a' bhalla far a bheil an doras?

Tòrr nas motha na uinneagan eile.

An dùil carson a tha seo?

Seo taobh grianach a' chaisteil - is dòcha gun leigeadh e barrachd blàths a-steach.

Lorg:

- far an do chum na saighdearan an cuilbhear (gunnaichean)

- racais air taobh deas an teine.

- mar a lasadh an t-seòmar seo

- mac-samhla coinnle ann an cùlag.

- ainmean cuid de na saighdearan

- ainmean sgrìobhte air sglèatan os cionn nan leapannan.

- na ghiùlain an cuid uidheamachd

- màileidean crochte os cionn nan leapannan.

- cùlag dhiomhair airson rudan a chur am falach

- am bun a' phreasa air taobh clì an teine.



<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Seall air còta crochte an seo. An dùil gun robh e freagarrach do bheatha an seo?	'S dòcha gun robh e blàth ach bhiodh e trom 's e fliuch. Chan eil e dìon idir.
Dè tha ga fhàgail eadar-dhealaichte o dheis-airm an latha an-diugh?	An dath - bidh saighdearan an latha an-diugh ann an aodach camafraid seach ann an dathan soilleir.
Seall air mullach an t-seòmair. An dùil ciamar a rinneadh na riantan seo?	Le coinneal.
An dùil carson a rinn na saighdearan na riantan seo?	'S dòcha gun robh iad seachd-sgìth.
Tha àireamh 13 air na pòcannan uile. An dùil dè is ciall dha seo?	B' e seo ainm na rèiseamaid - Pulteney's 13mh.
An robh e air còrdadh riut a bhith nad shaighdear dearg an seo? Carson?	Beachdan nan sgoilearan fhèin.

### Bi nad shaighdear dearg!

Smaoinich gur saighdear dearg thu. Bha thu a-muigh fad an latha a' cumail faire air cnoc 's air baile. Tha thu nis air ais san taigh-feachd. Tha cuid agaibh a' còcaireachd, càch ag ithe, cuid a' brodadh an teine. Tha cuid a' càradh an cuid aodach is uidheamachd. 'S dòcha gun robh là làn thachartasan aig cuid agaibh - cha d' rinn càch mòran. A bheil thu ag ionndrainn do theaghlach an seo?



Seòmair an taigh-feachd



Modail de Chorr Garaidh san 16mh linn

**Cum ort suas an staidhre don ath-làr. Tha seo an ìre mhath falamh a-nis ach 's e seòmar taigh-feachd a bhiodh ann, coltach ris an fhear a tha shìos. Tha modail an seo a sheallas coltas a' chaisteil nuair a chaidh a thogail an toiseach.**

**Dh'fhaodadh tu coimhead air leis na sgoilearan is deasbad a thogail air na leanas:**

<b>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</b>	<b>Freagairtean a tha a dhìth</b>
An dèan thu a-mach càite an tàinig sinn a-steach? Càite bheil sinn a-nis?	Nis san t-seòmar far a bheil an leabaidh cheithir-stobach sa mhodail.
Am faic thu an t-seann chidsin san robh sinn an toiseach? Lorg an teallach mòr a tha nis air falbh.	Chì, far an talla air a' chiad làr.
Dè na h-atharraichean a rinn an arm?	Bhiodh talla mòr ann a tha nis air falbh. Chuir an arm làr eile ris gus seòmar an taigh-feachd (san robh sinn) a dhèanamh. Bhiodh leabaidh mhòr mhòr san t-seòmar seo. Dh'fhalbh an staidhre shnìomhanach.
An dùil carson a dh'atharraich iad an caisteal?	Gus a dhèanamh freagarrach do mu 50 fear a bhith a' fuireach 's ag obair an seo.
Dè tha dìreach mar a bha?	Tha an cumadh bunaiteach. Cidsin beag ri taobh an talla air a' chiad làr a tha gu math coltach ri mar a bha.

**Cum ort suas don àrd-làr.**



### Robh fhios agad...

Cha robhar airson 's gun toireadh saighdearan an teaghlaichean leotha. Nan tigeadh iad bhiodh aca ri cadal san aon leabaidh!



Sealladh den t-seann rathad on tùr-curraig

## Suidheachadh 4: Taisbeanaidhean de Shaighdearan Dearga

*Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.*

- 'S dòcha gun cleachdadh an làr seo gus aodach is uidheamachd armachd a chumail, ach nam biodh mòran shaighdearan san sgìre, chaidleadh iad an seo.
- An-diugh tha taisbeanaidhean a dh'innseas dhut mu bheatha saighdeir. Seall orra agus cum cuimhne air aon rud inntinneach a dh'innseas tu sa chlas air ais san sgoil.

*Dìrich an staidhre bheag chas suas dhan 'taigh-curraig' gus coimhead a-mach air an uinneig. Bidh aig sgoilearan ri dhol ann ann am buidhnean beaga.*

- Seall a-mach air an uinneig bhig. Am faic thu am frìth-rathaid? B' e seo an t-seann slighe tarsainn nan cnoc.

*Till sìos an staidhre don chiad làr. Nuair sin cum ort sìos staidhre chas dhorch gus na seilearan. Thoir rabhadh do sgoilearan dol air an socair. Gabh a-steach don chiad sheòmar-seileir 's cum ort don dàrna seòmar.*



*Actair sgeadaichte ann an aodach 'saighdear dearg' an riaghaltais san 18mh linn*



## Robh fhios agad...

Mun deach iad dh'fhàg na Seumasaich buill-airm air an t-sitig! Ach lorg na saighdearan dearga iad - ubh!



Mac-samhla de bharailllean fùdair san t-seilear



Doras an t-Seileir

## Suidheachadh 5: Na seilearan

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Seo am pàirt is aosta den chaisteal. 'S gann gu bheil e air atharrachadh o thoghadh an caisteal còrr is 450 bliadhna air ais. Sna làithean sin bhiodh e coltach ri coiseachd a-steach gu ciste-reòthadh mòr.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Ciamar a dh'fhairicheas e sìos sna seilearan seo?	Fuar.
An dùil dè chum ciad luchd-seilbh a' chaisteil stòraichte ann an seo?	Biadh - pòcannan gràinne, feòil thiormaichte no dheataichte, buidealan fìona is mar sin.
Carson an robh seo na àite math gus biadh a chumail?	Coltach ri ciste-reòthadh - chumadh e am biadh o bhith a' fàs grod.
An dùil dè chum na saighdearan dearga an seo?	Biadh is dòcha - ach uidheamachd cuideachd.
An tomhais thu dè bhiodh aca is dòcha sna barailllean mòra?	Fùdair!
Seall air na dorsan. An dùil gu bheil iad fìor aosta, neo an e mac-samhlaidhean ùra a th' ann, mar an àirneis suas staidhre?	Tha iad aosta, chan e mac-samhlaidhean a th' ann.
An dùil carson a bha e cudromach dorsan làidir a bhith air na seilearan?	Gus stad a chur air daoine ag èalaidh a-steach 's am biadh a ghoid - air neo am fùdair!

## Bi nad shaighdear dearg!

Ann an 1746, bha na Seumasaich a' cur feum air Corr Garaidh mar stòras armachd is fùdair. Thug na saighdearan dearga ionnsaigh gun fhiosta orra, a' màrsail airson a' chuid bu mhotha, am meadhan a' gheamhraidh - ach bha na Seumasaich air falbh mar tha.

Smaoinichibh gur sibhse na saighdearan dearga a tha dìreach air tighinn sìos don seilear gu fùdair is buill-airm a dh'fhàg na Seumasaich a lorg. Dè nì sibh? Togaibh deasbad mun cho-dhùnadh agus cuiribh an gnìomh e!

Smaoinichibh air:

- Cho feumail 's a bhiodh na buill-airm dhuibhse - agus dha na Seumasaich.
- Cho sgìth 's a tha sibh fhèin is na h-eich an dèidh màrsail tron t-sneachd gu seo.
- Bheil fhios càite an deach na Seumasaich? 'S dòcha gun till iad sa mhionaid!
- Na dh'fhaodadh tachairt ma dh'fhàgas sibh na buill-airm.
- Mar a chuireadh sibh às don fhùdair.

San da-rìribh mhill na saighdearan dearga tòrr den stuth seo oir cha b' urrainn dhaibh a h-uile rud a ghiùlain air falbh. Thill iad a dh'Obar Dheathain le còrr is 100 cuilbhear.

**Gabh le faiceall suas an staidhre a-rithist is a-mach am prìomh doras is sìos na ceumannan gu seasamh san lios.**



### Robh fhios agad...

Àrd os cionn an dorais tha na th' air fhàgail de dh'ùrlar beag cloiche. Sna seann làithean dh'fhaodadh tu a bhith fo ionnsaigh bho shuas nan dèanadh tu oidhirp briseadh a-steach tron doras!



Pàirt den bhalla a-muigh



Tobar Corr Garaidh taobh a-staigh den lios

## Suidheachadh 6: Anns an lios

*Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.*

- Bha daonnan lios mun cuairt a' chaisteil. Bhiodh a h-uile seòrsa de cheàrdlannan, stàbaill agus seòmraichean-stòrais ann. Nuair a ghabh an arm an caisteal thairis, rinn iad atharraichean ann.
- Leag iad a h-uile togalach a bha mun cuairt a' chaisteil. Nuairsin thog iad balla ceithir-thimcheall air a' chaisteil. Taobh a-staigh a' bhalla thog iad taigh-fuine, ionad-grùdaidh lionn agus pìosan.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
An dùil carson nach eil slighe-steach a' chaisteil air a' chiad làr? Nuair a chaidh a thogail an toiseach, is dòcha gun robh ceumannan fiodha so-ghluasad sa chaisteal. Tha am balla air chumadh neo-àbhaisteach.	Nas fhasa a dhìon.
Coisich mun cuairt san taobh a-staigh dheth ach an obraich thu a-mach dè an cumadh a th' air.	Tha e air chumadh reula.
Cia mheud pìos biorach a tha aige? An dùil carson a thogadh e mar seo?	8 pìosan biorach. Gus tuilleadh dìon nan rachadh ionnsaigh a thoirt air a' chaisteal is dòcha.
An dùil carson a bha na tuill sa bhalla?	Tuill chuilbhear - gus losgadh tromhpa.
An dùil carson a tha uidhir dhiubh ann - nas motha na àireamh nan saighdearan sa chaisteal?	Chor 's gun tilgeadh iad air an nàmhaid as bith dè an taobh a thigeadh iad.

### Bi nad shaighdear dearg!

Smaoinich gun cuala tu fathainn gu bheil an caisteal air impis a bhith fo ionnsaigh. Tha e cudromach gum bi fios aig a h-uile duine dè nì iad. Cuir luchd-faire air dòigh agus dèan cleachdadh air a bhith deiseil gu luath.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Dè na droch rudan mu bhith nad shaighdear dearg an seo?	Air falbh on teaghlach, acras, fadachd, neo-chàirdeas muinntir an àite, gun chothrom a bhith nad aonar.
An dùil carson a roghnaich daoine a bhith nan saighdearan dearga?	Beagan tèarainteachd, spòrs, rud beag de dh' airgead.

Tha ar turas gu Corr Garaidh crìochnaichte nis.

'S dòcha gum bu mhath leat tadhail a-steach san t-seann taigh-fuine 's an taigh-grùdaidh, far an dèanadh na saighdearan an cuid arain 's an d' rinneadh lionn a h-uile seachdain.



## Ceistean Cumanta

**C** Dè an àireamh is lugha de dh'ìnbhich a tha dhìth airson stiùiridh?

**F** 1 inbheach do 10 sgoilear.

**C** An gabh turas treòraichte a chur air dòigh?

**F** Faighnich mu seo 's tu a' cur turas air dòigh.

**C** A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

**F** Gheibhear a-steach le cathair- chuibhle don lios is don taigh- grùdaidh 's don taigh- fuine. Cha ruigear àiteachan eile ach air ceumannan cloiche.

**C** A bheil goireasan bìdh ann?

**F** Faodar ithe a-muigh air neo fasnadh fhaighinn sa chaisteal ri linn droch shìde.

**C** Càite bheil an taigh beag?

**F** Chan eil taigh beag ann – falbh mun ruig thu an caisteal!

**C** An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

**F** Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

**C** Bheil bùth ann?

**F** Tha bùth sa chaisteal a reiceas cairtean-puist, leabhair-treòir is cuimhneachain.

# A' Tadhaill Caisteal Corr Garaidh

**Tadhail ro-làimh:** Molamaid gu mòr gun tadhaill tidsearan **saor 's an asgaidh** air a' chaisteal agus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnairtean mun tig buidheann.

**Ga chur air dòigh:** Cuir fòn gu **01975 651460** 'son turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosglaidh fhaighinn on Stiùbhard. Tha an caisteal fosgailte as t-samhradh a-mhàin.

**Cosgais:** Tha e **saor 's an asgaidh** do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor (faic shìos).

**Àite:** 8m an iar air Strath Dheathan air an A939

**Parcadh:** Tha ionad-chàraichean aig bun a' chnuic fon chaisteal. Ruigear an caisteal le coiseachd ghoirid air frith-rathad garbh.

**Slàinte 's Sàbhailteachd:** Cum aire air na leanas:

- Bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fad na h-ùine. Tha ceumannan casa a-staigh.
- Agus sinn dileas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

**Ionad Foghlam Alba Aosmhor:** Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg a tha ceangailte ri Caisteal Corr Garaidh, tadhaill: [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk)

## Goireasan eile

### Don luchd-teagaisg:

Chris Tabraham, *Corgarff Castle*, Alba Aosmhor 2008. An leabhar-treòir oifigeil, le tuilleadh fiosrachaidh air ailtireachd is eachdraidh na làraich. Faodar fhaighinn air-loidhne o [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk)

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005. Leabhar feumail don luchd-teagaisg le tòrr cùl-fhiosrachaidh mu bheatha ann an caisteal is molaidhean gu gnìomhan sgoile.

Christopher Duffy, *The '45*, Phoenix 2007. Sàr-chunntas so-leughaidh mu thachartasan 1745 is 1746. Dà dhuilleag mhath air ruathar nan saighdearan dearga air Corr Garaidh.

### Gu sgoilearan:

*Horrible Histories: Bloody Scotland* le Terry Deary, Scholastic 1998; Scoular Anderson *1745 and all that*, Birlinn 2001. Tha an dà leabhar seo measail aig sgoilearan òga, bheir iad smaoin orra agus, rud iongantach, tha iad fiosrachail.

Antony Kamm, *The Jacobites*, OPnB/TNha 1995. Leabhar-treòir dathte dìreach mu Ar-a-mach nan Seumasach is an cùl-sgeul.

### Aitheantas

**Dealbhan:** Na dealbhan uile, © a' Chrùin, na còraichean aig Alba Aosmhor

**Teacs:** Elspeth Mackay

**Ughdar an t-Sreath:** Sue Mitchell

**Leagadh a-mach is clò-bhualadh:**

The House

**Le taing mhòr** gu Chris Tabraham agus luchd-obrach ionadan-tadhail.